# Bìoball airson na Cloinne

A'cur fan comhair

# Iàcob am Mealltair



Sgrìobhte le: Edward Hughes

Dealbhan le: M. Maillot; Lazarus Alastair Paterson

Eadar-theangaichte le: M. Kerr; Sarah S.

Air eadar-theangachadh le:
Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill

Dèanta le: Bible for Children
www.M1914.org

©2025 Bible for Children, Inc.

Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlò-bhualadh, agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.





An do chuir Dia a-riamh bèibidh don teaghlach agadsa? Nach mìorbhaileach sin! Feumaidh gu robh Isaac agus Rebacah uile gu lèir air an dòigh oir bha Dia dol a thoirt leth-aon dhaibh.

Bha na bèibidhean a' sabaid am broinn Rebecah. Nuair a rinn i ùrnaigh, thuirt Dia rithe gum biodh an dithis mhac aice an ceann dà shluagh – agus gur e am fear a b' òige bu làidire. Mar bu tric b' e am fear a rugadh an toiseach bu làidire. Mu dheireadh rugadh na bèibidhean.



3

Cha robh an dithis leanabh coltach ri chèile idir. Bha craiceann Esau molach agus dh'fhàs e na shealgair sgileil. Bha craiceann Iàcoib lom agus bu toil leis a bhith ag obair am broinn an taighe. B' fheàrr le an athair Esau agus b' fheàrr lem màthair Iàcoib.



4

Aon latha, bha an t-acras air Esau. "Thoir dhomh biadh," ars esan ri Iàcob. "Reic do chòir-bhreithe rium," thuirt Iàcob. Cha robh dragh aig Esau mu gheall Dhè don chiad mhac. Reic e a' chòir-bhreithe airson biadh agus b' e Iàcob a bhiodh air ceann an teaghlaich nuair a bhàsaicheadh an athair.



5

Bhruidhinn Dia ri Isaac aon oidhche. "Is mise Dia d' athar, Abrahàm. Tha mi còmhla riut. Beannaichidh mi do shliochd." Ged a bha Isaac a' dèanamh adhradh do Dhia, phòs a mhac, Esau, dithis nighean Hiteach, daoine aig nach robh dragh mu Dhia.



6

Dh'fhàs Isaac sean. "Nach toir thu feòil ùr thugam," thuirt e ri Esau. "Agus gheibh thu mo bheannachd." Bha a' bheannachd seo bho athair gu ciad mhac speisealta. Dh'fhalbh Esau a shealg. Ach bha Rebecah air seo a chluinntinn. Bha ise airson gum faighean Iàcob a' bheannachd.



7

Bha plana aig Rebecah. Dheasaich i am biadh a b' fheàrr le Isaac agus chuir Iàcob air aodach Esau, agus craicainn molach beathaich air a làmhan agus amhach. Cha robh fradharc Isaac math. Is dòcha gum b' urrainn dhaibh a mhealladh.



8


Thug Iàcob am biadh a-steach do Isaac. "Tha do ghuth mar ghuth Iàcoib," thuirt Isaac, "ach tha do làmhan mar làmhan Esau." Nuair a bha e air am biadh ithe, bheannaich Isaac am mac a bha air a ghlùinean air a bheulaibh.
9
Dìreach nuair a bha Iàcob air falbh, thàinig Esau a-steach gu Isaac. "Seo am biadh," thuirt e. Bha fios aig Isaac an uair sin gun deach a mhealladh. "Chan urrainn dhomh a' bheannachd atharrachadh," dh'èigh e. Lìon cridhe Esau le fuath. Cho-dhùin e Iàcob a mharbhadh.
10
Chuala Rebecah Esau a' maoidheadh. "Theirig gu taigh d' uncail," thuirt i ri Iàcob, "gus an dìochuimhnich do bhràthair na rinn thu air." Dh'aontaich Isaac gum bu chòir do Iàcob bean a lorg bho theaghlach a mhàthar, agus dh'fhàg Iàcob an dachaigh.
11
An oidhche sin, chaidh Iàcob a chadal le clach mar chluasag. Is dòcha gu robh e aonaranach agus gu robh an t-eagal air. Ach cha robh e na aonar. Bhruidhinn Dia ris ann am bruadar mìorbhaileach.
12
"IS MISE DIA D' ATHRAICHEAN, ABRAHÀM AGUS ISAAC. THA MI CÒMHLA RIUT. BHEIR MI DHUT AN TÌR SEO. LED THEAGHLACH BIDH A H-UILE TEAGHLACH ANNS AN T-SAOGHAL BEANNAICHTE."
Nuair a bha Dia air bruidhinn, dhùisg Iàcob. Bha an t-eagal air.
13
Chuir Làban, uncal Iàcoib, fàilte air. Bha gaol aig Iàcob air a cho-ogha, Rachel, agus rinn e seirbheis do Làban airson seachd bliadhna gus am b' urrainn dha a pòsadh. Ach, air oidhche na bainnse mheall Làban Iàcob.
14













Iàcob am Mealltair

Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,
Am Bìoball, ri

Genesis 25 - 33

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."
Salm 119:130

19

# A' Chrìoch

Tha sgeul a' Bhìobaill ag innse dhuinn mu ar Dia mhìorbhaileach a chruthaich sinn agus a tha ag iarraidh gum bi thu eòlach Air.

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air rudan dona a dhèanamh, rudan ris an can Esan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh, ach tha gaol cho mòr aig Dia ort gun do chuir e an t-aon Mhac a bh' aige, Ìosa, a bhàsachadh air Crois, agus a dh'fhulang airson nam peacaidhean agadsa. An uair sin thàinig Ìosa beò a-rithist agus chaidh E dhachaigh a Nèamh! Ma bhios tu a' creidsinn ann an Ìosa agus ag iarraidh Air do pheacaidhean a mhathadh, nì E sin! Thig E a thàmh annad an-dràsta, agus bidh tu beò còmhla Ris gu bràth.

Ma tha thu a' creidsinn gur e seo an fhìrinn, can seo ri Dia:
Ìosa chaoimh, tha mi a' creidsinn gur Tusa Dia agus gun tàinig thu don talamh a bhàsachadh air mo sgàth, agus gu bheil Thu beò a-rithist. Thig nam bheatha agus maith dhomh mo pheacaidhean gus am faigh mi beatha ùr an-dràsta, agus aon latha gun tèid mi a dh'fhuireach còmhla Riutsa gu sìorraidh. Cuidich mi a bhith gad leantainn agus a bhith beò air Do sgàth mar Do leanabh. Amen.

Leugh am Bìoball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha! Eòin 3:16